

CLÀR-INNSE

An Sealladh	2
1. Rùn	3
2. Ro-ràdh	3
3. Suidheachadh	5
4. Amasan Ro-innleachdail nan Eilean Siar	9
5. Prìomh-amasan	14
6. Buileachadh	16
Pàipearan-taice	
1. Co-chomhairleachadh Poblach	17
2. Cleachdadh Sgeama Tabhartais nan Coilltean	17



Chaidh an t-ullachadh air an Ro-innleachd a cho-mhaoineachadh le Comhairle nan Eilean Siar agus Dualchas Nàdair na h-Alba

Taing do Choimisean Coilltearachd, Urras Caisteal Leòdhais, Frank Stark, Jon Hollingdale agus Alastair Banks airson cead-cleachdaidh nan dealbhan



Mu choinneimh:
Sealladh den àm ri teachd
Gu h-àrd cli:
Coille aig Meall Mòr, Uibhist a Deas
Gu h-ìosal cli:
A' cur chraobhan aig Cairinis

Bra an ro-innleachd air ullachadh le Comhairle nan Eilean Siar an co-bhonn ri riochdairean bho Phàirteachas Bith-iomadachd Ionadail nan Eilean Siar agus Ùghdarras nan Coilltean an Alba



**“BIDH AN RO-INNLEACHD
NA MEADHAN AIRSON
DEAGH RIANACHD AGUS
BARRACHD AIRGID A CHUR
AN SÀS ANN AN
COILLTEAN SNA H-
EILEANAN SIAR, AGUS GU
SÒNRAICHTE NAR
COIMHEARSNACHDAN
CROITEARACHD”**

*Comhairliche Gillesbaig Caimbeul,
Cathraiche, Comataidh Leasachadh Seasmhach,
Comhairle nan Eilean Siar, 2003.*

AN SEALLADH

Bidh na craobhan agus coilltean sna h-Eileanan Siar a’ cur ri gnè-beatha an t-sluaigh ionadail le:

- Cumail suas agus àrdachadh iomadachd fiadh-bheatha agus àrainnean ionadail
- Fasgadh agus leasachadh don dealbh-tìre
- Cothroman cur-seachad, cultair agus foghlaim
- Brosnachadh do chom-pàirteachadh coimhearsnachd
- Meudachadh cothroman eaconamach.



1. RÙN

'S e rùn an Ro-innleachd Coille a bhith a' gluasad a dh'ionnsaigh coileanadh sealladh nan Eilean Siar le bhith a' misneachadh cleachdadh chraobhan, phreasan agus choilltean gus cur ris an àrainneachd agus ris an taghadh de bhunnachdan seasmhach do choimhearsnachd na Eilean Siar.

Gus cuideachadh leis an t-sealladh a choileanadh agus le libhrigeadh Ro-innleachd Coilltearachd Riaghaltas na h-Alba chaidh sreath de amasan ro-innleachdail a chur air dòigh airson nan Eilean Siar. Tha iad stèidhichte air a bhith a' cruthachadh coilltean seasmhach agus a' comharrachadh nan ceistean agus prìomh-amasan a thogadh sa cho-chomhairle.

2. RO-RÀDH

Tha clàran poilean a' sealltainn gu robh coille gnèitheach a' dèanamh suas dealbh-tìre nan eilean gu o chionn 8,000 bliadhna, leis a' chòmhdach chraobhan a' falbh ceum air cheum on àm sin tro ionaltradh agus losgadh, gus an robh an dealbh-tìre air fhàgail gun chraobhan aig toiseach na 1^mh Mile Bliadhna AD.

An-diugh chan eil coille a' còmhdach ach ceàrnaidhean glè bheag sna h-Eileanan Siar, agus 's ann ainneamh a chithear gu h-àraidh coilltean planntaichte gnèitheach agus abaich a tha cho luachmhor. Ann an side fhiadhaich, tha fàsghadh phris agus craobhan fìor chudthromach do dhaoine agus stoc, agus chan iarrar ach raointean beaga de choille airson iomadachd a thoirt do dh'àrainneachd a bhiodh gun chraobhan mur b' e sin.

Tha seo a' toirt fìor chothroman do na h-Eileanan Siar a bhith a' togail air planntachadh a tha ann an-dràsta gus raointean coille eadar-dhealaichte a thoirt air adhart a nì an àrainneachd eadhon nas inntinniche agus nas measgaichte, le mòintichean, beanntan agus machair còmhla ri coilltean: na craobhan as freagarraiche a' fàs far an dèan iad adhartas, a' toirt toileachas agus tlachd a bharrachd air caochladh chothroman sòisealta, eaconamach agus foghlaim.

Tha fàs chraobhan sna h-Eileanan Siar air an iomall a thaobh fheartan fiosaigeach, a' gabhail a-staigh buaidh na gaoithe agus ùir. Ach, cho fad 's a bhios taghadh cùramach air làrach agus gnèithean, mar ann am mòran de mhonadh na h-Alba agus pàrtean de Nirribhidh le suidhichidhean co-ionann, thèid aig daoine air craobhan a thoirt gu cinneas.

Cho-dhùin co-chomhairleachadh poblach aig toiseach cùise, air a bheil geàrr-chunntas am Pàipear-taice 1, gu bheil cuibhreann mhòr de dhaoine den bheachd gu bheil coilltean a' cur ri beatha sna h-Eileanan Siar, le mòran sa choimhearsnachd chroitreachd a' beachdachadh air planntachadh. Thuirt 70% de na fhreagair gum biodh iad deònach a bhith nam ball de bhuidheann san sgìre aca a bha airson rannsachadh a dhèanamh air a' chothrom airson leasachadh coille agus an dèidh làimhe cuideachadh ga thoirt air adhart.

Tha earrannan 4 agus 5 den ro-innleachd a' cur an cèill cuimsean agus prìomh-amasan sònraichte co-cheangailte ri Ro-innleachd Coilltearachd na h-Alba ach le aire air na cothroman sna h-Eileanan Siar a chaidh an comharrachadh tro cho-chomhairleachadh farsaing. Tha an ro-innleachd cuideachd a' cur far comhair ceuman gus dèanamh cinnteach gu bheil planntachadh ùr agus rianachd coille a' dol le cleachdadh fearainn eile agus a' dìon àrainnean cudthromach.

Chaidh an ro-innleachd ullachadh le Comhairle nan Eilean Siar an co-bhonn ri riochdairean Com-pàirteachas Bith-iomadachd Ionadail nan Eilean Siar agus Ùghdarras nan Coilltean. Chaidh ullachadh le fiosrachadh bho cho-chomhairleachadh ri diofar bhuidhnean agus dhaoine san sgìre a' gabhail a-staigh conaltradh dìreach ri buidhnean, croitearan agus uachdarain ionadail le eòlas air leasachadh coille sna h-Eileanan Siar.



*Os cionn: Craobh òg daraich
Mu choinneimh: Currac-na-cuthaige*



*Os cionn: Coille Aosta, Caisteal Leòdhais, Steòrnabhagh
Mu choinneimh: Coille Bheithe aig Meall Mòr, Uibhist a Deas*



3. SUIDHEACHADH

3.1 Coilltean a tha ann an-dràsta

Mar thoradh air cho beag 's a tha de choille sna h-Eileanan Siar, chan eil mòran ceangal coimhearsnachd no ceangal cultarach ri craobhan no coille. Tro na linntean, bha a' mhòr-chuid de thogalaichean air an dèanamh de chloich no sgrathan le fiodh prìseil nam mullach, ach an-diugh thathas a' cleachdadh stuthan air an toirt a-steach. 'S e mòine an connadh dualchasach.

Tha na coilltean gnèitheach a tha air fhàgail air leth cudthromach oir tha ceangal dìreach aca ris an dealbh-tìre sna làithean a dh'fhalbh. Tha iad beag agus sgapte, agus air an comharrachadh le craobhan agus pris de ghnèithean ionadail: sa mhòr-chuid beithe chlàimheach, seileach chluasach, seileach liath agus caorann. Gheibhear critheann air ùirean mèinnearach, 's ann tearc agus sgapte a tha calltainn agus aiteann. Tha an raon iomlan de choilltean gnèitheach air a mheas aig 200 heactairean.

Tha a' mhòr-chuid de ghàrraidhean coille abaich leithid gàrraidhean Caisteal Leòdhais mar thoradh air planntachadh a rinn uachdarain san 19^{mh} linn, agus air a dhèanamh suas de ghnèithean measgaichte, gu mòr leathan-duilleach, le ùir air a thoirt a-steach bho thìr-mòr agus an suidheachadh fàis a leasachadh.

An dèidh 1945, chuir Ùghdarras nan Coilltean craobhan-durcain (Giuthas Lodgepole agus Giuthas Sitka) ann an riasg domhain. An dèidh nan ciad phlanntachaidhean deuchainn aig Bail' Ailean agus Bhaltois chaidh feadhainn eile a chur eadar 1968 agus 1972 an Leòdhas agus an



Uibhist. Tha ionnsaighean leis an leòmainn-giuthais air planntachaidhean Ghearraidh na h-Aibhne agus Ath Linne, ge-tà, air ceist a thogail mu bhith a' cur raointean mòra den fhìor Ghiuthas Lodgepole ann an riasg domhain.

An dèidh Achd Coilltearachd Croiteir 1991 tha na planntachaidhean as ùire air monadh coitcheann agus fearann oighreachd an Leòdhas, na Hearadh agus na h-Uibhistean. Bhon Ghiblean 1992 's e an raon iomlan de fhearann coilltearachd croiteir a chaidh a cheadachadh 1,800 heactairean a tha a' riochdachadh 50% den cheàrn iomlan ceadaichte fo Sgeama Tabhartais nan Coilltean sna h-Eileanan Siar thar na h-ùine (3,611 heactairean), mar a tha air a shealltainn air a' ghraf a tha an cois seo mar Phàipear-taice 2. Tha coille leathan-duilleach planntaichte, a' chuid as motha dhiubh gnèithean ionadail, air leudachadh sna bliadhnachan mu dheireadh le cuideachadh bho Phròiseact Coille na Mìle Bliadhna gu timcheall air 500 ha (le craobhan-durcain air an cleachdadh ann an lios-àraich).

Tha craobhan ann am bailtean fasgach, gu sònraichte Steòrnabhagh, air an cur ann an gàrraidhean agus àiteachan poblach. Tha cuid de cheàrnaidhean air an dìon tro Òrdughan Glèidheadh Chraobhan agus air an liostadh sa Chunntas air Gàrraidhean Eachdraidheil agus Dealbhan-talmhainn Deilbhthe.

3.2 Cothrom Fearainn agus Suidheachadh Fàis

Ma tha craobhan a' dol a dh'fhàs gu math feumar làraichean freagarrach a thaghadh. 'S e dìth fasgaidh agus ùir na prìomh chùisean. Tha neart na gaoithe sna h-Eileanan Siar air aon cho làidir 's a tha an ceàrn sam bith den Roinn Eòrpa, agus tha a' ghaoth a' dèanamh cron gu sònraichte air fàs craobhan an àiteachan 100 meatair no barrachd os cionn na mara. Tha fasgadh ionadail deatamach don chiad stèidheachadh. Tha ùir a bheir beagan drèanaidh agus mathachaidh riatanach cuideachd.

Tha aithisg mu lomairt Coille na Hearadh ann an 1996 le Anndra Caimbeul airson Ùghdarras nan Coilltean a' sealltainn cho cudthromach 's a tha taghadh làraich agus feum air ionnsachadh tron obair nuair a thathas a' stèidheachadh craobhan sna h-Eileanan Siar. Cho-dhùin an aithisg seo:

- Gum feum dlùths stocaidh airson craobhan leathan-duilleach, airson adhbharan fàs craobhan, a bhith os cionn nan àireamhan as lugha gach heactair a tha air an



*Os cionn gu h-àrd:
Leudachadh air seòrsachan -
sòbhragan
Tha coilltean nam fasgadh
feumail do sprèidh
Mu choinneimh:
Tha coilltean a' fàs nas
cudthromaiche a-thaobh
chur-seachadan*

sònrachadh ann an Sgeama Tabhartais nan Coilltean

- Gu bheil gnèithean àraich de chraobhan-durcain freagarrach ann an raointean le riasg, ach gum bu chòir a thoirt air falbh taobh a-staigh ùine aontaichte de fhàs chraobhan
- Gu bheil cumaidhean-tìre agus staid nan làrach ag innse càit a bheil planntachadh ion-dhèante. Tha eòlas a' sealltainn gu bheil e freagarrach am meadhan leòidean, ach nach eil shìos an gleanntan rèisg
- Gum biodh planntachadh de fhìor leathan-duilleach freagarrach air na làraich as fheàrr, le measgachadh de chraobhan-durcain àraich leathan-duilleach sna raointean nach eil cho math
- Gu bheil an stòr sil deatamach ann an cuideachadh le craobhan a stèidheachadh.

Tha cudthrom eadar-nàiseanta aig machair, monadh cladaich agus monadh fliuch air talamh mònach, agus boglach fharsaing mar àrainnean fiadh-bheatha. Tha prìomhachas aig dìon nan àrainnean sin agus an siostaman uisgeachaidh co-cheangailte riutha ann an taghadh fearainn airson leudachadh coille.

Tha àireamhan fèidh air meudachadh gu luath thar nan deich bliadhna a dh'fhalbh agus tha an raon aca air leudachadh. Tha iad air gluasad a-steach do chuid de na coilltean agus air craobhan òga a mhilleadh. Tha seo a' sònrachadh cho cudthromach 's a tha rianachd fèidh ann an stèidheachadh coille soirbheachail agus a' cur dìon am measg nan nithean ris am bu chòir don Ro-innleachd Coille a bhith a' dèiligeadh.

3.3 Ro-innleachd Coilltearachd na h-Alba

'S e màthair-adhbhair ro-innleachd Riaghaltas na h-Alba, mar a tha e air a chur an cèill ann an *'Forests of Scotland – The Scottish Forestry Strategy' 2000*:

- seasmhachd – a' coinneachadh ri bun-tomhasan eadar-nàiseanta airson rianachd coille
- amalachas le obair dhùthchail eile
- luach deimhinneach – le buannachdan sòisealta, eaconamach no àrainneachd a' dol os cionn nan cosgaisean
- taic coimhearsnachd, le meadhanan airson com-pàirteachadh coimhearsnachd
- iomadachd agus eadar-dhealachadh ionadail – dìon, rianachd agus leasachadh nan diofar àrainnean agus ghnèithean coille.

Tha an ro-innleachd seo a' gabhail ri na prionnsabalan agus a' comharrachadh prìomh-amasan an Ro-innleachd Coilltearachd a thaobh nan Eilean Siar.

3.4 Leasachadh Dùthchail

Tha an sgrìobhainn poileasaidh, *'Rural Scotland – A New Approach' (2000)* a' ceangal Riaghaltas na h-Alba ri prìomh roinnean, a' gabhail a-staigh coilltearachd, coinneachadh ri feuman nan coimhearsnachdan croitearachd lag, agus a' toirt taic do dhualchas nàdarra agus cultarach a tha gu tric luachmhor ann an dearbh-aithne agus beatha choimhearsnachdan dùthchail, a' gabhail a-staigh coille gnèitheach.

Tha na molaidhean airson ath-leasachadh croitearachd air a bheil Pàrlamaid na h-Alba a' beachdachadh a' toirt misneachd airson tuilleadh iomadalachd gu coilltearachd chroiteir, a' gabhail a-staigh:

- Ceadachadh feum iomadail de choilltean chroiteir
- Cuideachadh le co-obrachadh eadar croitearan agus uachdarain, far an robh na h-uachdarain air craobhan a stèidheachadh mus do thòisich an sgeama coilltearachd chroiteir.

3.5 Frèam Ro-innleachdail airson Croitearachd agus Tuathanachas sna h-Eileanan Siar

Bha am Frèam Ro-innleachdail airson Croitearachd agus Tuathanachas sna h-Eileanan Siar air ullachadh an 2002 le Buidheann-stiùiridh de na prìomh bhuidhnean a tha a' toirt taic do chroitearachd agus tuathanachas sna h-Eileanan Siar gus coinneachadh ri Gníomh 35 ann am "Forward Strategy for Scottish Agriculture" an riaghaltas airson piseach a thoirt air gnìomhachasan tuathanais sna h-Eileanan Siar agus dòighean cosnaidh eile a dhealbhadh.

Bidh cothrom air nithean a bhuineas do bhuileachadh an Ro-innleachd Coille seo a cheangal a-steach ri buileachadh Ro-innleachd Gníomh 35 – gu sònraichte ann an taic do stèidheachadh mheadhanan èifeachdach ann an sgìrean ionadail gus poileasaidh a dhealbhadh agus a bhuileachadh gu h-èifeachdach, agus ann an cur air adhart coilltearachd àiteachais.



3.6 Cothrom agus Ath-leasachadh Fearainn

Tha Achd Ath-leasachaidh Fearainn (Alba) 2003 ag amas air an ìre cothruim cunntachail gu fearann a leudachadh (eadar fosgailte agus dùinte), agus barrachd cothruim agus misneachd a thoirt don phoball air toileachas fhaighinn air an tuath.

Bheir an Achd comas agus misneachd do choimhearsnachdan croitearachd agus eile am fearann a cheannach. Bidh seo buailteach misneachd a thoirt do choimhearsnachdan a bhith a' beachdachadh mu leasachadh coille mar phàirt den phlanadh fearainn aca, mar dhòigh a dh'fhaodadh leantainn gu obraichean agus teachd-a-steach a chruthachadh, agus a thaobh a ceanglaichean ri nithean feumail agus obair eile air an oighreachd.

Tha an dreachd de Ro-innleachd Slighean Dùthcha nan Eilean Siar air ullachadh le Forum Cothruim Ionadail a' gabhail a-staigh nan amas a leanas:

- Comharrachadh agus stèidheachadh Lionra Phrìomh Shlighean
- Barrachd cothruim air ceuman agus slighean a tha ann an-dràsta
- Cruthachadh shlighean ùra gus lionraidhean shlighean a tha ann an-dràsta a cheangal ri chèile no gus coinneachadh ri feuman sònraichte.

Dh'fhaodadh gun tigeadh coilltean faisg air coimhearsnachdan no air prìomh shlighean gu bhith nan goireas cudthromach oir tha an Ro-innleachd Slighean a' misneachadh siubhal air chois, air baidhsagal, air each, etc.

3.7 Plana Leasachaidh nan Eilean Siar

'S e prìomh-amas de Phlana Structarail nan Eilean Siar a bhith ag ullachadh frèam airson coimhearsnachdan air feadh nan Eilean Siar a chumail agus a leasachadh. Thathas a' meas gu bheil deagh fhrèam leasachaidh cudthromach ann an dèiligeadh ris a' chunnart bho thuilleadh lùghdachadh ann an àireamh-sluaigh.

Tha am Plana a' gabhail a-staigh gealltanais a bhith ag ullachadh an Ro-innleachd Coille seo, le cuspairean iomadalachd croite, bith-iomadachd agus deagh rianachd fearainn cuideachd sa Phlana. Tha e cuideachd a' brosnachadh feum seasmhach a dhèanamh de stòrasan, bun-bheachd a tha air a mhisneachadh tro aithrisean poileasaidh eile bhon Chomhairle m.e. stiùireadh dealbhachaidh.



3.8 Bith-iomadachd

San fharsaingeachd tha an obair airson bith-iomadachd a leudachadh gu nàiseanta tro ainmeachadh prìomh phlanaichean gnìomha airson gnèithean agus àrainnean a tha ann an cunnart no a' dol sìos. Ann an 1998, shuidhich Plana-gnìomha Bith-iomadachd an RA na cuimsean 15 bliadhna a leanas airson àrainnean coille gnèitheach:

- An raon de àrainn coille gnèitheach a tha ann an-dràsta a chumail suas agus staid nan coilltean a leasachadh
- An raon àrainnean a leudachadh 10%.

Tha Plana-gnìomha Àrainnean (HAP) do choilltean gnèitheach na phàirt de Phlana-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail nan Eilean Siar (LBAP), agus tha e a' cur ris an Ro-innleachd Coille seo. Cuidichidh na gnìomhan a tha san HAP ann an coileanadh amasan an ro-innleachd seo agus Amas 5 den Natural Heritage Futures Report (2002) a rinn SNH do na h-Eileanan Siar: "Cumail suas na coille sgruimbean a tha air fhàgail agus gnèithean coille co-cheangailte ris agus misneachadh ath-ghineamhainn nàdarraich nan craobhan gnèitheach."

A thuilleadh air sin, tha comas aig gach coille agus gach craobh gàrraidh agus preas fa leth a bhith na àrainn do dhiofar fhùraichean agus bheathaichean agus tha an LBAP a' toirt àite do na cothroman a tha an seo airson bith-iomadachd nan Eilean Siar a leudachadh.



Os cionn: Calltainn



4. AMASAN RO-INNLEACHDAIL NAN EILEAN SIAR

Bha na h-amasan ro-innleachdail air an dealbh gus cuideachadh le coileanadh an t-Seallaidh agus taic a thoirt don rùn còmhla ri buileachadh Ro-innleachd Coilltearachd na h-Alba. Tha iad stèidhichte air coilltean seasmhach a chruthachadh agus gabhaidh seo a-staigh:

- Na coilltean a tha ann an-dràsta a riaghladh airson barrachd buannachd don phoball
- Coilltean ùra a thoirt air adhart airson caochladh adhbhar
- Com-pàirt a thoirt don choimhearsnachd ann an leasachadh agus stiùbhardachd coille fad-ùine.

Tha geàrr-chunntas air amasan ro-innleachd nan Eilean Siar fo na còig Stiùiridhean Ro-innleachdail de Ro-innleachd Coilltearachd na h-Alba.

(1) Meudachadh air an luach do eaconamaidh na h-Alba den stòr fiodha a bhios ri fhaotainn thar an fhichead bliadhna ri teachd

Chan eil mòran buntainneas aig an amas nàiseanta seo ri na h-Eileanan Siar leis an làrach coille beag agus doirbh faighinn thuige agus teagamh ann gum biodh às-mhalairt fiodha mar bhathar tomaid comasach air obrachadh gu h-eaconamach leis an sgèile seo agus cosgaisean còmhhdail.

Tha cothroman ann an cur air adhart ìre bheag de bhathar fiodha a chleachdadh muinntir an àite leithid puist-feansa agus rèilichean, àirneis dùthcha eile agus obair-ciùird. Dh'fhaodadh gun tig cothroman eaconamach tro rannsachadh mu chonnadh fiodha mar stòras connadh ath-nuadhachaidh eadar-dhealaichte san àm ri teachd, ach feumar beachdachadh mu ruigsinneachd nan coilltean.

AMASAN

- Meudachadh nam buannachdan eaconamach bho fhiodh a dh'fhàs sna h-eileanan

(2) Cruthachadh stòras coille measgaichte fìor mhath a chuireas ri feuman eaconamach na h-Alba tron 21^{mh} linn agus nas fhaide air adhart

Ann an rianachd nan coilltean a tha ann an-dràsta tha prìomh chothroman nan Eilean Siar ann an leudachadh nam buannachdan sòisealta agus àrainneachd. Dh'fhaodadh seo a bhith a'

gabhail a-staigh craobhan gnèitheach nach eil an-dràsta a' fàs sna h-Eileanan Siar a thoirt a-steach a-rithist. A thuilleadh air sin dh'fhaodadh gum bi cothroman ann prothaid a dhèanamh a bathar coille a bharrachd air fiodh (m.e. fungi, duilleach, sitheann) agus air far-stuthan fiodha leithid clèibh agus slisneagan fiodha airson tuathanas-gàrraidh.

Ma tha leasachadh choilltean a' dol a shoirbheachadh bidh e deatamach gum faighear craobhan de ghnè, tùs agus bunadh* freagarrach airson an t-suidheachaidh sna h-Eileanan Siar.

Chuidicheadh leudachadh liosan-àraich ionadail ann an ullachadh stoc leithid sin a' toirt cothroman do ghnìomhachasan beaga, agus comas airson obraichean a chruthachadh gu h-ionadail. Tha cothroman cosnadh ionadail eile ann an stèidheachadh agus rianachd choilltean, ged a dh'fhaodadh an sgèile de leasachadh coille a bhith a' ciallachadh gum bi obraichean san fharsaingeachd pàirt-ùine no bho àm gu àm.

Tha coilltean a' toirt fasnachadh agus àrainn do na fèidh. Feumar dèiligeadh ris a' bhuaidh aig leudachadh àireamhan fèidh air coilltean tro phlanadh agus dìon èifeachdach.

**S e an tùs an t-àite às an deach an siol no am pios craoibhe a thoirt agus 's e am bunadh an t-àite far a bheil a' meas gu bheil na craobhan bhon tugadh an siol no na piosan geàrrte a' fàs gu nàdarach.*

AMASAN

- Meudachadh nan cothroman eaconamach a bheir coilltean do sgìre
- Taic do leasachadh choilltean le barrachd measgachaidh de aoisean agus gnèithean agus a tha a' freagairt an dealbh-tìre mun cuairt
- Misneachadh fàs craobhan de ghnèithean, tùs agus bunadh freagarrach don t-suidheachadh sna h-Eileanan Siar
- Comharrachadh cothroman luach-leasaichte, a' gabhail a-staigh obair-ciùird, togail fungi, dèanamh mil, fàs mheasan bog
- Dèiligeadh ri ceistean ag èirigh bho àireamhan fhiadh nas àirde agus leudachadh air an raon.



(3) Dèanamh cinnteach gum bi craobhan, agus coilltean beaga agus mòra a' cur gu mòr ris an àrainneachd

Tha mòran cheàrnaidhean sna h-Eileanan Siar a tha air a thighinn gu bhith nan dealbhan-tìre fosgailte le croitean de thalamh mònach, monadh agus machair. Feumar cùram a ghabhail mu thaghadh làraich airson coille a leudachadh a-steach do na ceàrnaidhean sin agus dèanamh cinnteach gu bheil e a' co-fhreagairt an dealbh-tìre shònraichte. Bheir Measadh Caractar Dealbh-tìre nan Eilean Siar stiùireadh a thaobh seo.

Tha cudthrom eadar-nàiseanta aig roinn mhòr den talamh fosgailte seo air a sgàth fhèin, gu sònraichte airson gnèithean eòin le pàtrain ithe agus brididh freagarrach airson dealbh-tìre farsaing fosgailte le glè bheag de mhamalan seilge. Bu chòir iomlanachd nan àrainn sin a chumail suas ann an taghadh làraich airson leasachadh coille.

Feumaidh àrainn, gnèithean agus sònrachaidhean seallaidhean-tìre a bhith air an gabhail a-staigh ann an dealbhadh leudachadh coille sna h-Eileanan Siar. Ach, faodar sònrachaidhean a chleachdadh mar thaic do phlanaichean airson leudachadh agus daingneachadh tuigseach air coille, agus dh'fhaodadh gum bi tabhartas-cuideachaidh a bharrachd ri fhaotainn airson cur ri luach glèidhteachais.

Tha cur chraobhan a' toirt cothroman air iomadachd an dealbh-tìre a leudachadh gu sònraichte co-cheangailte ri bailtean croitearachd, taighean-còmhnaidh no bun-structaran còmhdhail. Bheireadh coilltean leithid seo fasnachadh do stoc, bàrr agus taighean-còmhnaidh agus taic do iomadachadh chroitean.

Bu chòir don chudthrom, eadar planntachadh ùr agus ath-structaradh nan coilltean a tha ann an-dràsta, a bhith air làraich, gnèithean craoibhe agus pris agus sgèilean planntachaidh a thaghadh a bhios a' co-fhreagairt an dealbh-tìre agus comasach air cur ri bith-iomadachd.

Mar as trice 's e planntachaidhean beaga a bhios an seo a' gabhail a-staigh raointean de thalamh fosgailte agus pris choillteach (dlùth phlanntaichte gus fasnachadh a thoirt do chèile sa choille) còmhla ri iomadh gnè craoibhe. Bidh fasnachadh cuideachd math airson diofar chraobhan agus phris measa a stèidheachadh.

Ma chumar ag ionnsachadh mar a thathas a' dol air adhart agus a' toirt taic do rannsachadh freagarrach mu stèidheachadh coille soirbheachail cumar a' dol an cudthrom air ainmeachadh gu h-àird.

Coilltean Gnèitheach

B' e glè bheag de chòmhdach craoibhe a bha sna h-Eileanan Siar airson iomadh linn, agus tha coille gnèitheach air mairsinn a-mhàin far nach ruigeadh beathaichean ionaltraidh agus teine air. Feumaidh na raointean sin de choille gnèitheach, le gnèithean craoibhe freagarrach airson an t-suidheachaidh, comharrachadh agus cùram. Far am bi e comasach, bu chòir na pìosan a leudachadh agus an ceangal ri chèile. Tha Plana-gnìomha Àrainn nan Eilean Siar airson coilltean gnèitheach a' toirt taic do sgrùdadh nan coilltean gnèitheach a tha air fhàgail agus prògram cruinneachadh sil a stèidheachadh a chuidicheas le ath-bheothachadh nan coilltean sin.

Tha coille de chraobhan gnèitheach an cois aibhnichean a' toirt air falbh cudthrom ionaltraidh, a' cumail taic ri bruaichean, agus a' glèidheadh stuthan-beathachaidh agus biadh neo-dhruim-altachan do bhradain agus bhànagan òga. A thuilleadh air sin, faodaidh siostaman aibhne nas fhallaine a bhith a' tàladh fiadh-bheatha eile. Faodar coilltean ùra an cois aibhnichean a chur cuideachd anns na coilltean chraobh-durcain a tha ann an-dràsta.

Arc-eòlas

Tha arc-eòlas nan Eilean Siar fìor phailt. Faodaidh làraich arc-eòlach a bhith fìor luachmhor don eaconamaidh le bhith a' tàladh luchd-tadhail agus eòlaichean ann an rannsachadh agus foghlam. Cuideachd, tha ùidh chultarach ann an làraich le ceangal ri na bliadhnachan mu dheireadh, a thaobh nan Eilean Siar fhèin agus muinntir an àite a tha air imrich. Bu chòir do leudachadh coille a bhith a' comharrachadh cho cudthromach 's a tha seo agus a' dèanamh cinnteach gum bi planntachadh sam bith a' dìon agus a' leasachadh làraich arc-eòlach.

AMASAN

- Adhartachadh choilltean a leudaicheas iomadachd an dealbh-tìre agus a bheir fasnachadh agus buannachdan seasmhach eile



Os cionn gu h-àrd:
Gealag-bhuidhe

Os cionn/mu choinneimh:
Sgoiltean an sàs ann am pròiseactan choilltearachd



- Dèanamh cinnteach gum bi coille ùr a' toirt aire do sgèile, làrach agus cleachdadh ghnèithean le tùs freagarrach
- Meudachadh nam buannachdan airson bith-iomadachd ann am planaichean airson coilltean ùra agus airson rianachd nan coilltean a tha ann
- Dìon agus leudachadh choilltean gnèitheach agus obrachadh a dh'ionnsaigh lionraidhean àrainn coille a chur air adhart
- Leasachadh àrainnean an cois aibhnichean le leudachadh air an raon de choille an cois aibhnichean
- Dèanamh cinnteach gum bi dealbhadh leasachadh coille a' toirt aire do dhìon & leasachadh làraich arc-eòlach.

(4) Cothroman a chruthachadh gus am faigh barrachd dhaoine toileachas à craobhan, agus coilltean beaga agus mòra

'S e glè bheag de choilltean sna h-Eileanan Siar a tha fosgailte don mhòr-shluagh, ach tha leithid gàrraidhean Caisteal Leòdhais ann. Tha seo air leudachadh o chionn ghoirid le ochd pròiseactan Coille na Mile Bliadhna.

Tha cothrom a dhol a-steach don choille math do shlàinte a' phobail. Tha meas mòr sna h-eileanan air làraich faisg air àiteachan-còmhnaidh agus le fasnachadh bhon ghaoith, leithid na gheibhear ann an suidheachadh coille, a bhith fosgailte do dhaoine le diofar comais. Tha ullachadh ann an Ro-innleachd Slighean Dùthcha nan Eilean Siar airson aire a thoirt do chothrom air suidheachadh coille, ged a dh'fheumas a' mhòr-shluagh a bhith fìor fhiosraichte mu riatanasan cothruim cunntasach. Bidh leasachaidhean air maise agus cothrom nan coilltean na bhuannachd do luchd-tadhail chun nan eilean cho math ri luchd-còmhnaidh.

'S e stòras ionnsachaidh cudthromach a tha ann an coilltean, agus leis cho maireannach 's a tha iad tha deagh chothroman annta airson foghlam fhad-beatha. Tha com-pàirt sgoiltean ann am pròiseactan coille agus seirbheisean maor-coille air feadh nan Eilean Siar a' toirt cothroman air foghlam àrainneachd, le taic bho stuthan ùra gu sònraichte mun choille. Bheireadh cur beagan chraobhan aig ìre ionadail àite cluiche



do chloinn anns am faic iad cho iongantach 's a tha craobhan.

Faodaidh pàirt a bhith aig coilltean cuideachd ann an leasachadh an dualchais chultarach. Bheir pròiseactan leithid slighean craoibhe ann an òrdugh na h-aibidil Ghàidhlig toileachas agus tuigse mun chultar ionadail agus mun Ghàidhlig.

AMASAN

- Com-pàirteachadh le Forum Slighean Dùthcha nan Eilean Siar gus cothrom do dhaoine le diofar comais air suidheachaidhean coille a mheudachadh
- Meudachadh cleachdadh nan coilltean mar stòras ionnsachaidh mar phàirt de fhoghlam fhad-beatha
- Rannsachadh a bheil fearann a bhuineas don t-sluagh ri fhaotainn airson craobhan agus pris a chur an lùib cothroman foghlaim sam bith a dh'fhaodadh na pròiseactan sin a bhith a' tabhann
- Leasachadh comas cur-seachad agus cultarach nan coilltean a tha ann agus meudachadh chothroman ann an coilltean ùra.



*Os cionn: Brù-dhearg
Mu choinneimh agus gu h-àrd:
Tha a' choimhearsnachd a' gabhail
barrachd ùidh ann an coilltean
Mu choinneimh: Fear-tàilisg Leòdhais.
Air a shnaidheadh bho fhiodh
ionadail, aig Ionad Coille Chaisteal
Steòrnabhaigh.*

(5) Cuideachadh a thoirt do choimhearsnachdan gus buannachd fhaighinn à coilltean beaga agus mòra

Tha com-pàirt choimhearsnachdan ann an coilltean sna h-Eileanan Siar air leudachadh sna bliadhnachan mu dheireadh tro sgeamaichean coilltearachd chroiteir agus obair Urras Steòrnabhaigh agus Amenity Trust nan Eilean a Deas.

Tro chom-pàirt ann an rianachd choilltean agus fearann coillteach, gheibh coimhearsnachdan agus daoine fa leth air a bhith a' comharrachadh agus a' cur air adhart chothroman cur-seachad, glèidhteachais agus brosnachadh cothroman cosnaidh ionadail. Faodaidh an com-pàirt seo cuideachd taic a thoirt do leasachadh coimhearsnachd nas fharsainge.

Faodaidh com-pàirt ann am pròiseactan coille a bhith ann na iomadh cruth bho toirt seachad bheachdan agus bheachd-smuaintean gu co-obrachadh le luchd-seilbh agus buidhnean eile ann an stèidheachadh agus riaghladh choilltean a bhuineas don choimhearsnachd.

Gus làn chom-pàirt agus eòlas a thoirt do choimhearsnachdan, feumar comas àrdachadh tro ionnsachadh sgilean, fiosrachadh teicnigeach agus lionra eadar coimhearsnachdan. Chan eil mòran chothroman trèanaidh ionadail ann aig an àm seo. Bheir an cothrom air trèanadh agus lionra de dheagh chleachdadh/shuidhichidhean soirbheachail taobh a-staigh nan Eilean Siar agus nas fhaide air falbh (m.e. nan Eilean a Tuath) barrachd misneachd airson com-pàirt coimhearsnachd agus rianachd coille soirbheachail.

Ged is e beagan eòlais agus fiosrachaidh a tha aca, faodar togail air eòlas sònraichte an t-sluaigh ionadail an sàs ann an cur agus fàs sna h-Eileanan Siar. Chan e a-mhàin gum bi ullachadh nam meadhanan gus am bunait sin a leudachadh na chuideachadh le coileanadh rianachd choilltean nas fheàrr ach dh'fhaodadh gum bi iad a' lorg cothroman gnìomhachais airson coimhearsnachd beaga.

AMASAN

- Leudachadh air cothroman airson com-pàirt coimhearsnachd
- Dèanamh cinnteach gum bi fiosrachadh, comhairle phroifeiseanta agus trèanadh aig uachdarain, croitearan, daoine fa leth agus coimhearsnachdan mu gach taobh iomchaidh de stèidheachadh agus rianachd choilltean agus chraobhan
- Fiosrachadh do chroitearan, luchd-ciùird agus buill eile de choimhearsnachdan ionadail mu dhòighean anns an toir coilltean ionadail, mòra agus beaga, cothroman airson ìre bheag de leasachadh gnìomhachais.



5. PRÌOMH-AMASAN

An dèidh co-chomhairleachaidh, tha na h-ochd amasan air an liostadh gu h-ìosal air an comharrachadh mar phrìomh-amasan. Tha iad air an liostadh san òrdugh anns a bheil iad a' nochdadh ann an earrann 4.

Airson gach amas, tha prìomh-amasan ghniomha air an sealltainn agus bidh e cudthromach gum bi buill a' bhuidhinn-stiùiridh gam buileachadh gus obrachadh a dh'ionnsaigh Sealladh an ro-innleachd a choileanadh.

Amas

Prìomh-amasan gnìomha

Meudachadh nan cothroman eaconamach ionadail a bheir coilltean.

- ▷ Misneachadh leudachadh air liosan-àraich ionadail gus craobhan fhàs de ghnèithean tùs agus bunadh freagarrach airson suidheachaidhean nan Eilean Siar.
- ▷ Rannsachadh mhargaidhean airson far-stuthan fiodha agus bathar luach leasaichte eile.

Dèiligeadh ri ceistean ag èirigh bho àireamhan fhiadh nas àirde agus leudachadh air an raon.

- ▷ Dèanamh cinnteach gun toir a h-uile moladh airson leasachadh coille aire iomchaidh do phlanaichean rianachd agus modhan dìon fèidh freagarrach agus gum bi iad comasach air am buileachadh.
- ▷ Rannsachadh cothroman tràanaidh agus stiùireadh mu rianachd fèidh èifeachdach.

Adhartachadh choilltean a leudaicheas iomadachd an dealbh-tìre agus a bheir fasnachadh agus buannachdan seasmhach eile.

- ▷ Dèanamh cinnteach gu bheil sgèile agus dealbhadh choilltean ùra a' cur ri dealbh-tìre sònraichte nan eilean agus nam bailtean croitearachd.
- ▷ Misneachd agus taic do choilltean air gach cuid talamh-àitich agus ionaltradh coitcheann, far am bi e iomchaidh. Bidh prìomhachas aig làraich a tha comasach air diofar ghnèithean fhàs le cudthrom air gnèithean leathann-duilleachd no co-dhiù measgachadh de chraobhan-durcain agus leathann-duilleach.
- ▷ Misneachadh bhailtean gu co-obrachadh le Ùghdarras nan Croitearan ann an ullachadh planaichean leasachaidh bhailtean le coilltean air an gabhail a-staigh mar aon de na pròiseactan.

Dìon agus leudachadh choilltean gnèitheach agus obrachadh a dh'ionnsaigh lionraidhean àrainn coille a chur air adhart.

- ▷ Taic do bhuileachadh Plana-gnìomha Àrainn Coille Gnèitheach, gu sònraichte sgrùdadh air an stòras a tha ann agus stèidheachadh prògram cruinneachadh sil.
- ▷ Taic do leudachadh coille gnèitheach gus piosan a cheangal ri chèile no co-dhiù piosan nas motha ullachadh airson ceangal ri chèile san àm ri teachd.



Leasachadh àrainnean an cois aibhnichean le leudachadh air an raon de choille an cois aibhnichean.

- ▷ Misneachadh gnothaichean iasgach-slaite gu h-ionadail gus prìomh ceàrnaidhean a chomharrachadh agus a' cheàrn coille an cois aibhnichean annta a leudachadh.

Meudachadh cleachdadh choilltean mar stòras ionnsachaidh, mar phàirt de fhoghlam fhad-beatha.

- ▷ Adhartachadh com-pàirt sgoiltean ann am pròiseactan coille tron phròiseas LBAP.
- ▷ Misneachd airson pasgain fiosrachaidh coille ullachadh, gu sònraichte an co-cheangal ri coilltean coimhearsnachd.

Leudachadh air cothroman airson com-pàirt coimhearsnachd.

- ▷ Misneachadh nam buidhnean ionadail a tha ann no cruthachadh feadhainn ùra gus pròiseactan coille a bhuileachadh.
- ▷ Comharrachadh chothroman airson planntachadh coille coimhearsnachd.
- ▷ Dèanamh cinnteach gum bi co-chomhairle coimhearsnachd èifeachdach air a ghabhail os làimh anns a h-uile pròiseact coille, le cothrom aig nàbannan agus coimhearsnachdan am beachdan a thoirt mu phlanaichean agus mholaidhean.

Dèanamh cinnteach gum bi fiosrachadh, comhairle phroifeiseanta agus trèanadh aig uachdarain, croitearan, daoine fa leth agus coimhearsnachdan mu gach taobh iomchaidh de stèidheachadh agus rianachd choilltean agus chraobhan.

- ▷ Feuchainn ri comhairle agus taic mun choille a thoirt stèidhichte tro luchd-obrach freagarrach aig ìre ionadail.
- ▷ Cur air adhart cothroman ionnsachaidh gearr-ùine agus fad-ùine ann an sgìlean coille le colaistean ionadail/UHI.
- ▷ Stèidheachadh lìonraidhean coille ionadail airson fiosrachadh a thoirt seachad.

Gu h-ìosal: Tha leudachadh air ionadan-àraich sgìreil deatamach airson stoc freagarrach do shuidheachadh nan Eilean Siar. Gu h-ìosal deas: Tha àireamhan fèidh air meudachadh thar nam bliadhnan mu dheireadh





Os cionn gu h-àrd: Craobh òg aig Meall Mòr, Uibhist a Deas
Os cionn: Duilleagan chrithinn agus blàth-an-t-seilich

6. BUILEACHADH

6.1 Co-obrachadh

Chaidh an ro-innleachd seo ullachadh le Buidheann-stiùiridh, fo stiùir Chomhairle nan Eilean Siar agus a' gabhail a-staigh riochdairean bho Ùghdarras nan Coilltean, RSPB, SNH, Urras Steòrnabhaigh agus Urras Iasgach nan Eilean Siar. Cumaidh a' Bhuidheann-stiùiridh a' co-obrachadh gus:

- Stiùireadh a thoirt mu bhuileachadh an ro-innleachd
- Barrachd mothachadh a thoirt mun ro-innleachd agus dòighean buileachaidh a dhealbhadh
- Sùil a chumail air adhartas an ro-innleachd
- Dèanamh cinnteach gum bi ceangal eadar buileachadh an Ro-innleachd Coille, Frèam Ro-innleachdail Gnìomh 35, Ro-innleachd Slighean Dùthcha nan Eilean Siar, Plana-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail, agus ro-innleachdan agus prògraman iomchaidh eile
- Cuideachadh le com-pàirt coimhearsnachd agus leudachadh comais
- Co-obrachadh èifeachdach a chur air adhart le diofar bhuidhnean agus daoine fa leth, mar a bhios e iomchaidh
- Cumail a' toirt taic do ionnsachadh tron obair agus do rannsachadh agus measadh a' chleachdadh as fheàrr airson stèidheachadh agus rianachd coille sna h-Eileanan Siar.

6.2 Beachdachaidhean Ionadail

Feumaidh planaichean airson planntachadh ùr agus leasachadh coille eile a bhith a' toirt aire do phrìomh-amasan eile. Gu sònraichte:

- Gnèithean agus àrainnean a tha ann an cunnart, gann agus cudthromach gu eadar-nàiseanta – gu sònraichte ann an ceàrnaidhean le sònrachadh foirmeil
- Fearann, a' gabhail a-staigh machair agus talamh mònach, nach eil freagarrach san fharsaingeachd airson planntachadh
- Suim glèidhteachais fheartan geòlach no tìr-eòlach
- Làraich arc-eòlach, agus ceàrnaidhean far am bu chòir rannsachaidhean arc-eòlach a dhol ro leasachadh sam bith
- An fheum air dealbhan-tìre fìor luachmhor cultarach a chumail suas.

Thar nan leth-cheud bliadhna ri teachd, tha luchd-rannsachaidh a' ro-innse gum faodadh

an t-sìde againn atharrachadh gu bhith nas blàithe agus nas fliucha, le àirde-mara ag èirigh na chois. A thaobh nan Eilean Siar, dh'fhaodadh nach e barrachd uisge a bhios seo a' ciallachadh ach uisge nas truime sa gheamhradh agus nas lugha de dh'uisge as t-samhradh. Dh'fhaodadh seo leantainn gu tuiltean nas miosa ann an siostaman aibhne agus barrachd cunnart bho theine. Dh'fhaodadh gum biodh an teothachd chuibheasach bhliadhnail nas àirde. Dh'fhaodadh gum biodh an t-atharrachadh fiosaigeach iomlan freagarrach airson fàs chraobhan agus a' cur ri luach coille an cois aibhnichean ann an neartachadh bhruaichean aibhne agus cur casg air milleadh bho thuil. Bheir craobhan fàsghadh agus teothachd an uisge ìsleachadh as t-samhradh agus àrdachadh sa gheamhradh.

Tha fiosrachadh, stiùireadh agus comhairle mu na cùisean sin ri fhaotainn bho Dhualchas Nàdair na h-Alba, Ùghdarras nan Coilltean agus Comhairle nan Eilean Siar.

6.3 Taic Ionmhasail

Bidh cothrom agus slatan-tomhais airson tabhartasan cuideachaidh deatamach ann am buileachadh prìomh-amasan gnìomha an ro-innleachd. Bidh a' Bhuidheann-stiùiridh a' co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gum bi fiosrachadh mu sgeamaichean freagarrach air an toirt gu aire nan daoine le ùidh ann gu h-ionadail agus gum bi iad air an cleachdadh anns an dòigh as fheàrr ann am buileachadh an ro-innleachd.



PÀIPEAR-TAICE 1

Co-chomhairleachadh Poblach

Chaidh làithean fosgailte a chumail san Iuchair 2003 anns na Hearadh, an Uibhist, an Steòrnabhagh agus am Barraigh gus am faigheadh am poball air am beachdan a thoirt mu leasachadh coille. Den 96 duine a lion ceisteachan, dh'aontaich 93% gu robh coilltean a' cur ri beatha sna h-Eileanan Siar aig an àm no gum faodadh gun dèanadh iad sin sna làithean ri teachd.

Bhathas den bheachd gu robh na prìomh bhuannachdan de phlanntachadh coille co-cheangailte ri:

- fasnachadh (71%);
- cur ris an dealbh-tìre (62%);
- bith-iomadachd (57%);
- iomadachadh croite (54%).

Bhathas den bheachd gur e na prìomh chnap-starraidhean ro phlanntachadh soirbheachail:

- droch shìde (54%);
- droch ùir (38%);
- dìth eòlais agus comhairle ionadail (29%).

Thuir 43% de chom-pàirtichean sa chiad chomhairle seo mu phlanntachadh coille gu robh a h-uile coltas gum biodh iad fhèin a' beachdachadh air, thuir 32% gur dòcha gum biodh iad a' beachdachadh air agus thuir 20% nach robh iad an dùil beachdachadh air.

Thuir 70% de na fhreagair gum biodh iad deònach a bhith nam ball de bhuidheann san sgìre aca a dh'fhaodadh a bhith a' rannsachadh a' chomais airson leasachadh coille agus an uair sin cuideachadh gus seo a thoirt air adhart.

Chaidh tuilleadh co-chomhairleachadh a dhèanamh air dreach ro-innleachd san Dàmhair 2003, gu sònraichte gus beachdan fhaighinn mu na h-amasan a chaidh an comharrachadh mar phrìomh-amasan airson nan Eilean Siar. Fhuair beachdan bho 62 daoine agus buidhnean, a' mhòr-chuid dhiubh comataidhean ionaltraidh.

Bhuineadh na prìomh chùisean mun deach beachdan fhaighinn ri na leanas:

- an fheum air taic agus comhairle ionadail;
- cho cudthromach 's a tha rianachd fèidh ann an leasachadh agus riaghladh choilltean;
- sgèile, làrach agus buaidh planntachadh choilltean ùra air an dealbh-tìre.

Bha an ro-innleachd fiosraichte le na beachdan a fhuair tro gach obair co-chomhairleachaidh agus le beachdan bho bhuidhnean ionadail, croitearan agus uachdarain le eòlas air leasachadh coille ris an deach bruidhinn fhad 's a bhathas ga ullachadh. Tha an dreach ro-innleachd air a leasachadh an lorg nam beachdan a chaidh an cur an cèill rè a' cho-chomhairleachaidh.

PÀIPEAR-TAICE 2

Cleachdadh Sgeama Tabhartais nan Coilltean

Raon aontichte sna h-Eileanan an Iar fo WGS 1 Giblean 1992 gu 31 Iuchair 2003



